

An Lòchran

Freagairt dhan Dreachd de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig

1. A bheil sibh ag aontachadh leis an Lèirsinn a tha anns an dreachd Plana?

Tha An Lòchran ag aontachadh agus a' toirt taic dhan Lèirsinn a tha sa Phlana. Tha sinn dhen bheachd gun urrainn dhuinn pàirt chudromach a chluich ann a bhith a' cur a' Phlana an gnìomh agus ann a bhith a' toirt gu buil grunn dhe na toraidhean a tha san amharc.

Bhiodh an Lèirsinn na b' fheàrr nam biodh ath-bheothachadh na Gàidhlig air a chur ann an co-thèacs eadar-nàiseanta às an togte co-shuidhichidhean iomchaidh. Tha a' phuing mu dheidhinn "...nach eil a' moladh lùghdachadh sam bith ann an inbhe no taic chànanan eile ann an Alba" lapach agus mar gum bithte a' gabhail ar leisgeul. Tha a' phuing mu dheireadh a' còmhachd nam frionasan sin gu cubhaidh co-dhiù.

Cha bu mhiste dhan Lèirsinn cuideachd a bhith nas ion-ghabhalaiche. Ged a tha e ceart a bhith ag amas gum biodh a' Ghàidhlig "mar an roghainn cànan aig àireamh, a bhios a' sìor fhàs, de dh'Albannaich is eile", feumar a bhith a' cur ris an àireamh de dh'Albannaich a tha dà-chànanach ann am Beurla agus ann an Gàidhlig. Feumaidh a' Ghàidhlig luchd-cleachdaidh ùr a thogail chan ann a-mhàin an lùib dhaoine òga ach cuideachd an lùib nan inbheach. Feumaidh coimhearsnachd a' chànan a bhith fosgailte do dh'fheadhainn nach urrainn Gàidhlig a bhruidhinn agus feumar sin a shealltainn ann am poileasaidhean agus ann an gnìomhan.

A rèir choltais, chan eil an t-àite aig na h-ealain anns a' chomann-shòisealta air a làn thuigsinn sa Phlana. Bu chòir na h-ealain a bhith aig cridhe poileasaidhean sòisealta, eaconomach agus cànan agus bu chòir dhaibh a bhith fìchte-fuaighte anns na Raoin Gnìomh, Spionnadh, Inbhe agus Foghlam agus chan ann cuingealaichte ri earrann de Chultar. Faodaidh tachartasan ealain proifeiseanta is ealanta pàirt bhrìgheil a chluich ann a bhith a' cur a' chànan agus a' chultair ann an ruigse barrachd dhaoine agus ann a bhith a' toirt buaidh air inntinn agus aignidhean mòr-shluagh nan Gall.

Tha sinn toilichte gu bheil a' cur an sàs dòigh Planadh Cànan agus gu bheil Plana Bòrd na Cuimris 2005 air fhaicinn mar mhodal. Tha e na thoileachas cuideachd gu bheil a' toirt fa-near ri rianachd prògram rannsachaidh mar bhun-stèidh do Phlanadh Cànan. Tha An Lòchran an sàs ann am prògram rannsachaidh mòr mu luchd-èisteachd.

Chan eil iomradh air a thoirt air an stòras ionmhais a gheibh am Bòrd airson a bhith a' libhrigeadh a' Phlana. Ged a tha sinn a' tuigsinn gum feum Riaghaltas na h-Alba tighinn gu co-dhùnadh a thaobh maoineachadh a' Phlana an lùib phrìomhachasan eile, thathar an dòchas gum bi an sporan a shocraichear ag aithneachadh gur e tachartas air leth agus eachdraidheil a tha sa chiad Phlana Nàiseanta airson na Gàidhlig agus gu bheil beatha a' chànan an crochadh air na co-dhùnidhean a ghabhar an-dràsta. Chan eil cus adhbhar plana a dhealbh mura tèid a mhaoineachadh ann an leithid de dhòigh 's gun urrainn a chur an gnìomh gu h-iomlan agus gu h-èifeachdach.

Chan eil e na iongnadh gu bheil am plana a' cuimseachadh air àite nam buidhnean ach 's ann an ìre mhòr an crochadh air mar a ghabhas daoine fa leth ris a bhios feabhas a' chànain an crochadh san àm ri teachd. Bhiodh e freagarrach earrann a bhith sa phlana a shealladh mar a dh'fhaodadh daoine fa leth an amasan fhèin a shuidheachadh airson ath-nuadhachadh cànanain agus innleachdan pearsanta cànanain a chur ri chèile.

2. Ri linn freagairt na ceiste mu dheireadh, a bheil na pròiseictan roinneil a thathar a' moladh riatanach do na h-amasan airson 2012? Mura bheil, ciamar nach eil?

Tha amasan freagarrach gu leòr aig na còig pròiseactan roinneil a tha air an ainmeachadh ach tha iad caran farsaing agus fuasgailte. An dèidh mar a shoirbhich le sgoiltean sònraichte Gàidhlig an seo ann an Glaschu, 's e riarachadh a th' ann gu bheil am Plana a' toirt luaidh gu sònraichte air a bhith a' leudachadh cothrom air "an eòlas bharrachd foghlaim a tha ri fhaotainn ann an sgoiltean Gàidhlig fa leth".

3. A bheil na builean airson an fhichead raon agus na prìomhachasan airson dèiligeadh leotha air am mìneachadh gu ceart agus ann an òrdan freagarrach? Mura h-eil, ciamar nach eil?

Tha na builean agus na prìomhachasan a tha air an comharrachadh iomchaidh san fharsaingeachd. Tha, ged tha, grunn phuingeann a bu mhath leinn a thogail.

Anns an raon, Spionnadh, tha cuideam cubhaidh air a chur air Tilleadh Glusaid Cànanain agus tha aithne dhligeach air a thoirt dhan fheum a th' ann gum bi clann a' faighinn "an ìre as airde de dh'fhoillseachadh Gàidhlig gus cothachadh ri buaidh is bitheantas na Beurla" 'S e prionnsapal a tha sin a bu chòir a bhith air a chur an sàs aig gach ìre de dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

A thaobh eileamaid na Coimhearsnachd, 's e aon de phrìomh amasan An Lòchrain cothroman sòisealta agus cur-seachad a thoirt do chloinn ann am foghlam tron Ghàidhlig an cuid Ghàidhlig a chleachdadh agus a neartachadh. Tha e air a dhearbhadh gu bheil pròiseactan ealain cuimsichte èifeachdach ann a bhith a' ruighinn na buidhne aoise 16-24 a tha air a chomharrachadh anns a' Bhuil. Tha ealain tarraingeach dhan bhuidhinn aois seo agus bu chòir na buidhnean ealain Ghàidhlig a bhith air an ainmeachadh mar prìomh bhuidhnean san raon. Tha An Lòchran air ceangal soirbheachail a dhèanamh le daoine òga tro phròiseact sgrìobhaidh is coileanaidh le boireannaich òga aois 16-25, sgeama coimhearlachaidh do sgeulaichean òga agus sgeama ionnsachaidh ciùird do dheugairean aois 16-18 aig Fèis Ghlaschu. Tha sinn cuideachd a' tairgse tro thachartasan leithid Ceòl is Craic suidhichidhean far an urrainn fileantaich is luchd-ionnsachaidh tighinn ri chèile mar a thathar a' togail ann am Prìomhachas 6.

Anns an raon Inbhe, tha aithne iomchaidh air a thoirt dhan àite a bhios aig planadh cànanain ann a bhith a' dèiligeadh ris a' chion misneachd a th' aig luchd-labhairt na Gàidhlig ri linn na claon-bhreith shòisealta a bha an aghaidh a' chànain bho shean. Tha a' chuimse gum bi deich ùghdarrasan gach bliadhna ag ullachadh phlanaichean cànanain gu math ìosal. Chan eil an ùine ach gann airson a' chànain ath-bheothachadh

agus feumaidh Bòrd na Gàidhlig stòras ionmhais gu leòr fhaighinn airson foillseachadh àireamh gu math nas àirde de phlanaichean a chur air chomas gach bliadhna. Tha ceist ag èirigh mu dè an ìre de phlanadh cànan anns am feum buidhnean Gàidhlig mar An Lòchran a dhol an sàs.

Tha sinn dhen bheachd gun urrainn dhan Lòchran pàirt mhòr a chluich a thaobh a bhith a' togail Mothachaidh. Tha sinn ag oidhirpeachadh air a bhith a' sgaoileadh mothachaidh mu dheidhinn, is a' fosgladh shlighean a dh'ionnsaigh, tachartasan ealain is cultarach Gàidhlig agus gu dualchas ionadail, roinneil is nàiseanta an co-chòrdadh ri Prìomhachasan 1 agus 3.

Tha An Lòchran cuideachd gnìomhach anns an eileamaid Taic de dh'Inbhe. Tha sinn an sàs gu dèanadach anns an t-seòrsa nì a thathar a' comharrachadh ann am Prìomhachasan 4 agus 5 agus bu mhath leinn leudachadh air ar n-obair anns na raointean sin.

'S e cultar an Raon Gnìomh as motha anns a bheil an Lòchran an sàs agus tha e na thoileachas gu bheil an t-àite aig na h-ealain ann a bhith a' sgaoileadh agus ag ath-nuadhachadh a' chànain air aithneachadh agus gu bheil a' cur an cèill cho buntainneach 's a tha dualchas na Gàidhlig ann a bhith a' leasachadh faireachdainn sgìreil na h-Alba. Tha An Lòchran ag aontachadh leis na sia Prìomhachasan a tha comharraichte fo Ghnìomhachd Chultarach agus tha sinn toilichte gu bheil sinn air ar n-ainmeachadh an lùib nam prìomh bhuidhnean san raon seo.

Ged is ann air cultar a tha ar n-aire sa chiad àite, tha buntainneas againn ri foghlam agus compàirt sa cheangal eadar foghlam is ealain. Mar sin, tha fìor ùidh againn san Ro-innleachd Nàiseanta airson Foghlam Gàidhlig. Anns na Raointean Gnìomh a tha air an ainmeachadh anns an Ro-innleachd, tha sinn a' dol leis na miannan a tha air an comharrachadh anns na h-earrannan air Prìomh Ghnìomhan agus Buaidh ach tha cion mìneachaidh ann mu na gnìomhan agus na gnìomhachasan a tha rin dèanamh. Bhiodh e na bhuannachd nam biodh eisimpleirean ann dhe na pròiseactan 's na prògraman sònraichte a chruthaicheadh na Buaidhean ris a bheil dùil. Tha e na fhois-inntinn gu bheil "prògram airson leudachadh ann an sgoiltean FG air a dheasachadh gu ro-innleachdail" air a shònrachadh mar aon dhe na buaidhean airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha Foghlam Bliadhnaichean Tràth air a bhith bunaiteach ann a bhith a' leasachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an Glaschu. Tha an fheum a th' ann airson ceanglaichean nas dlùithe eadar foghlam agus na h-ealain air a dhèanamh follaiseach anns na thachair an Glaschu am-bliadhna nuair a chlàraich grunn sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu ri linn 's gun do chuir iad eòlas air a' chànain tro Fhèis Ghlaschu.

4. Ri linn freagairt na ceiste mu dheireadh, dè na pròiseactan a tha, nar beachdse riatanach gus na prìomhachasan sin a choileanadh?

Thathar a' gabhail gu bheil na h-eisimpleirean a th' air nochdadh ann an Earr-Ràdh 1 ann mar dhealbh air na dh'fhaodadh a bhith agus gum bi modh conaltraidh ann le buidhnean bho na raointean mus co-dhùnar dè na pròiseictean aig am bi àrd-phrìomhachas anns gach Raon Gnìomh. Tha rannsachadh deatamach airson planadh

cànain anns gach raon agus tha e na thoileachas gu bheil ceithir iallan de ghnìomhan rannsachaidh air an ainmeachadh. Thathar an dòchas gun gabh na h-iallan sin a-steach pròiseactan rannsachaidh ann an leudachadh luchd-èisteachd agus ann am buaidh eaconomach nan ealain Ghàidhlig.

5. An iad na buidhnean freagarrach a tha air an comharrachadh mar phrìomh bhuidhnean ann an coileanadh nam prìomhachas sin?

Ged a tha sinn a' tuigsinn gu bheil liosta nam prìomh bhuidhnean dìreach a' togail eisimpleirean, bu chòir dhan Lòchran a bhith an lùib nam buidhnean a tha comharraichte san earrann de Chultar air Ealain bhon a tha sinn gu trang an sàs anns na prìomhachasan uile. Anns an earrann air Spiorad anns an Ro-innleachd Foghlaim, bu chòir An Lòchran a chur ris an liost de Luchd-solair is Furastachaidh a thaobh a bhith a' cur air adhart thachartasan chultarach is ealain anns an t-siostam foghlaim.

6. Ciamar a tha sibh gar faicinn fhèin a' cur ri soirbheachd a' Phlana Nàiseanta?

Tha sinn dhen bharrail gum bi An Lòchran na mheadhan cudromach ann a bhith a' libhrigeadh eileamaidean dhen Phlana. Tha an Ro-innleachd Ealain Ghàidhlig againn a' comharrachadh prògram de thachartasan ealaineach agus leasachadh cultarach ann an Glaschu bho 2006-09 a tha a' teannadh dlùth ri spiorad agus susbaint a' Phlana Nàiseanta. Gu dearbh 's e sàr eisimpleir a th' ann de phlanadh cultarach ionadail a ghabhadh a' lùbadh agus a chleachdadh ann an coimhearsnachdan eile. Bu chòir ro-innleachd ealain a bhith na eileamaid chudromach de phlanadh cànain aig ìrean coimhearsnachd, roinneil is nàiseanta.

'S e Glaschu a tha air an t-slighe a chomharrachadh ann an leasachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig anns na bliadhnaichean mu dheireadh agus bidh pàirt glè chudromach aig a' bhaile 's aig na sgìrean co-cheangailte ris, anns a bheil dùmhlachas de luchd-labhairt na Gàidhlig, ri chluich ann an leasachadh agus ann an ath-bheothachadh na Gàidhlig 's an àm ri teachd. Bidh An Lòchran mar mheadhan air an ath-nuadhachadh sin agus bheir stèidheachadh Ionad Cultarach Gàidhlig meadhan cumhachd is spionnaidh do choimhearsnachd chaochlaideach Ghàidhlig a' bhaile.

A G Boyd Robasdan
Cathraiche